

BÒRD NA GÀIDHLIG

FOIRM DÀTA BLIADHNAIL Giblean 2020 – Màrt 2021

Ainm na buidhne	Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba
-----------------	---

Prìomh Dhàta Measaidh

Fios bhon Phoball	Cia mheud brath sgrìobhte a fhuair a' bhuidheann bhon phoball ann an Gàidhlig am-bliadhna?	74
A' sgaoileadh fiosrachadh	Cia mheud pìos a sgaoil a' bhuidheann air na meadhanan sòisealta ann an Gàidhlig am-bliadhna?	553 (Tweetaichean 481 Soundcloud: 45 Bloga: 19 Bloga SPICE: 1 Instagram: 5 Facebook 1 LinkedIn 1)
	Cia mheud fios-naidheachd a dh'fhoillsich a' bhuidheann sa Ghàidhlig am-bliadhna?	106
Luchd-obrach	Cia meud neach-obrach a fhuair cothrom trèanaidh ann an sgìlean Gàidhlig am-bliadhna? Cha b' urrainnear trèanadh ann am Mothachadh Gàidhlig a libhrigeadh aghaidh-ri-aghaidh air sgàth COVID-19. Ach, sgaoil sgioba na Gàidhlig ar <u>bhideo goirid air Mothachadh Gàidhlig</u> agus dh'obraich iad rè na h-ùine seo gus ar trèanadh air Mothachadh Gàidhlig a dhèanamh freagarrach airson a libhrigeadh air-loidhne sa bhliadhna ionmhais 2021/22. Tha seo ri fhaighinn le BPA agus luchd-obrach BPA mar a chaidh a mholadh ann am freagairt Bhòrd na Gàidhlig don aithisg sgrùdaidh mu dheireadh againn. B' e ar targaid gum biodh an luchd-obrach uile a bhios a' dèiligeadh ris a' phoball air trèanadh Mothachadh Gàidhlig fhaighinn ro dheireadh Seisean 5. Chaidh seo a chall air sgàth COVID ach tha e fhathast ga thoirt air adhart rè beatha ar Plana Gàidhlig.	2 a' dèanamh a' Chùrsa-Inntrigidh aig Sabhal Mòr Ostaig
	Cia mheud dreuchd a th' agaibh an-dràsta far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach?	2

	<p>Cia mheud neach-obrach a th' agaibh an-dràsta aig a bheil sgilean Gàidhlig?</p> <p>*Tha na figearan seo bhon t-suirbhidh againn de sgilean Gàidhlig a rinneadh ann an 2018. Thèid an ùrachadh nuair a nì sinn suirbhidh ùr airson an ath thionndaidh dhen Phlana Ghàidhlig againn 2022/23.</p>	<p>41 le abairtean bunaiteach/ basic phrases</p> <p>3 le sgilean eadar-mheadhanach/ intermediate</p> <p>5 fileanta / fluent speakers*</p>
Foillseachaidhean	<p>Cia mheud foillseachadh a rinn a' bhuidheann gu dà-chananach am-bliadhna?</p> <p>* Tha na h-àireamhan seo beagan nas ìsle na a' bhliadhna roimhe air sgàth nach robh uiread fhoillseachaidhean gan toirt a-mach san fharsaingeachd mar thoradh air cuin ann an cuairt na Pàrlamaid a bha e agus nach robh uiread gnìomhachd Phàrlamaideach ann ri linn COVID-19.</p>	<p>Dà-chànanach. 5</p> <p>Tionndaidhean Gàidhlig is Beurla fa leth: 3</p> <p>Foillseachaidhean Beurla le tiotal no rò-ràdh Gàidhlig 5</p>
Inbhe	<p>Cia mheud soidhne dà-chànanach a chuir a' bhuidheann an-àirde am-bliadhna?</p>	<p>n/a</p> <p>Tha soidhnichean dà-chànanach ann mar-thà tron Phlana Ghàidhlig againn.</p>

Prìomhachasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig

Cleachdadh na Gàidhlig

Ciamar a tha a' bhuidheann a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig?

- Tro na meadhanan sòisealta an dà chuid tro na seanailean Gàidhlig sònraichte againn agus tro sheanailean pàrlamaideach eile sna meadhanan sòisealta (m.e. cunntasan twitter, Instagram, Facebook corpora, aig na comataidhean agus aig foghlam is com-pàirteachadh). Tron bhliadhna, chaidh an àireamh de luchd-leantainn againn air @ParlAlba air twitter suas bho 3,076 gu 3,352 agus bha 3.5k conaltradh againn.
- Le bhith a' sgaoileadh fios dhan choimhearsnachd Ghàidhlig mu rannsachaidhean comataidh agus a' brosnachadh fianais sa Ghàidhlig – m.e. toirt a-steach Cunradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Cloinne far an do chruthaich sinn goireasan co-chomhairleachaidh Gàidhlig air a shon. Chaidh 4 pìosan fianais a chur a-steach sa Ghàidhlig airson dà rannsachadh comataidh eadar-dhealaichte agus chaidh barrachd a chur a-steach gu dà-chànanach (far a bheil sinn air mothachadh gu bheil feum air ar sgrùdadh a leasachadh).
- Le bhith a' foillseachadh rannsachadh Comataidh Sgrùdadh Poblach agus Iar-reachdail air aithisg Earrann 22 Bòrd na Gàidhlig. Leis nach robh e comasach goireasan eadar-theangachaidh mar-aon a sholarachadh ri linn cuingeadan COVID-19, chaidh [eadar-theangachadh slàn Gàidhlig den Aithisg Oifigeil](#) ullachadh airson na coinneimh.
- Tro bhith a' dèanamh farsaingeachd de dh'fhoillseachaidhean sa Ghàidhlig, agus foillseachaidhean le Gàidhlig annta.
- Tro bhith a' dèanamh farsaingeachd de ghoireasan fiosrachaidh didseatach sa Ghàidhlig, mar

eisimpleir: [A' toirt athchuinge do Phàrlamaid na h-Alba](#)

- Tro bhith a' cur air bhog ar bhidio air Mothachadh Gàidhlig a tha a-nis air còrr air 1,800 sealladh fhaighinn: [A' cleachdadh na Gàidhlig ann am Pàrlamaid na h-Alba - YouTube](#)
- Tro bhith a' dèanamh farsaingeachd de ghoireasan foghlaim sa Ghàidhlig – tha còrr is 50 rim faighinn aig an àm seo. Aig àm a' ghlasaidh, rinn sinn sreath de PhowerPoints foghlaim air an robh 'Criomanan Pàrlamaid', ann am Beurla agus Gàidhlig, a dh'fhoillsich sinn tro twitter gus ceangal ris an iomairt #Cleachdiaigantaigh.
- Tro bhith a' cruthachadh susbaint air-loidhne sa Ghàidhlig. Thòisich obair anns a' bhliadhna aithris seo gus susbaint Ghàidhlig fhoillseachadh airson làrach-lìn ùr Pàrlamaid na h-Alba a chaidh beò ann an 2021/2.
- Tro bhith a' cur an comas agus a' brosnachadh sgrìobhadh thugainn sa Ghàidhlig (ann am figearan airson conaltradh sgrìobhte).
- Thug sgioba na Gàidhlig taic do Bhuill, Oifigearan-riaghlaidh agus Luchd-gairm le cleachdadh na Gàidhlig ann an Gnothaichean Pàrlamaideach a' gabhail a-steach dearbhadh teacsa agus solarachadh fuaimneachadh de dh'abairtean simplidh (leithid Madainn mhath) agus ainmean Gàidhlig còig tursan. Chaidh dà ghluasad a chur a-steach gu dà-chànanach, agus rinn sgioba na Gàidhlig dearbhadh teacsa orra nuair a bha feum air.

Ionnsachadh na Gàidhlig

Ciamar a tha a' bhuidheann a' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig?

- Tha dithis a' dèanamh a' Chùrsa-inntrigidh ann an Sabhal Mòr Ostaig le taic bhon Phàrlamaid.
- A' sgaoileadh fios sa bhuidhinn mu chothroman ionnsachaidh Gàidhlig an dà chuid gu h-ionadail agus gu nàiseanta.
- Tro ar goireas pàrlamaideach airson Gàidhlig shìmplidh [Abair Beagan](#).
- Tron phod-chraoladh ghoirid againn [Gaelic Word of the Week](#) gach seachdain a tha a' teagasg beagan mun Phàrlamaid agus mun Ghàidhlig. Bidh còrr is 100 duine ag èisteachd ris gu tric agus tha e air sgaoileadh fad is farsaing air Twitter.
- Tro bhith a' cur teacsa ar pod-chraolaidh Gaelic Word of the Week air ar blog agus fiosrachadh a bharrachd co-cheangailte ris a' Ghàidhlig do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus dhaibhsan aig a bheil ùidh sa chànan. Mar as trice bidh brathan a' faighinn 50-120 sealladh.
- Libhrig sgioba na Gàidhlig òraid air-loidhne do bharrachd air 25 luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an Glaschu agus Na h-Eileanan Siar air 17/9/20.

A' cur air adhart na Gàidhlig

Ciamar a tha a' bhuidhinn a' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig?

- Bidh seiseanan inntrigidh ag innse do luchd-obrach ùra mun Phlana Ghàidhlig agus mu sheiseanan air Mothachadh Gàidhlig
- Soidhnichean dà-chànanach feadh àrainn na Pàrlamaid.
- A' cleachdadh barrachd Gàidhlig ann an tiotalan/geàrr-chunntasan de dh'fhoillseachaidhean Gàidhlig. Faic an dàta gu h-àrd fo Fhoillseachaidhean.
- A' cleachdadh na Gàidhlig sna meadhanan sòisealta – an dà chuid anns a' Ghàidhlig agus mun Ghàidhlig air feadh cunntasan meadhanan sòisealta na Pàrlamaid Ghabh seo a-steach susbaint meadhanan sòisealta Say a Gaelic Phrase Day sa Ghearran 2021 agus bhidio airson [Seachdain Chànanan na h-Alba](#).
- A' cleachdadh na Gàidhlig ann am bhideothan leis an Oifigear Riaghlaidh leithid bhidio Nollaig 2020 a fhuair 7.8k sealladh.

- Tro bhith a' toirt iomradh air solar Gàidhlig agus cothroman ionnsachaidh sa chonaltradh againn air an taobh a-staigh, a' gabhail a-steach bloga Gàidhlig, agus conaltradhean corporra taobh a-staigh na buidhne agus tro chonaltradh air an taobh a-muigh, a' gabhail a-steach cuairt-litir-d sheachdaineil na Pàrlamaid aig a bheil còrr is 7.4k luchd-leughaidh.
- Le bhith a' cumail Seachdain Ghàidhlig le barrachd faicsinneachd aig a' Ghàidhlig agus barrachd susbaint Ghàidhlig air na meadhanan sòisealta cho math ri seiseanan Gàidhlig. Ghabh seo a-steach bhidio sa Ghàidhlig leis an Leas Oifigear Riaghlaidh Lewis Dòmhnallach air an do choimhead 1.1k neach. Uile gu lèir, fhuair brathan mar phàirt den t-seachdain seo 215,987 sealladh agus 1,910 conaltradh.
- Le bhith a' foillseachadh ann an 2020 an aithisg aig co-labhairt Fòram Alba air Thoiseach Gàidhlig 2030: Cò ris a bhios soirbheas coltach, san Dùbhlachd 2019.

Fiosrachadh dearcnachaidh eile

A' brosnachadh Foghlam Gàidhlig

Chan fheum ach Ùghdarrasan Ionadail seo a lìonadh

Fo Earrainn 15 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, feumaidh ùghdarrasan ionadail aig a bheil foghlam Gàidhlig anns an sgìre aca seo a shanasachd ann an dòigh iomchaidh. Feumaidh gach ùghdarras ionadail sanasachd a dhèanamh air na còraichean a th' aig pàrantan gus tagradh a dhèanamh airson foghlam Gàidhlig aig ìre na bun-sgoile agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a stèidheachadh. Ciamar a tha sibh a' coileanadh an dleastanais seo?

n/a

Pàrantan Corporra

Chan fheum ach Ùghdarrasan Ionadail seo a lìonadh a-steach

Am b' urrainn dhuibh dàta a thoirt dhuinn air an àireimh de dhaoine òga le Gàidhlig a tha, no a tha air a bhith, fo chùram a tha clàraichte leis an Ùghdarras.

n/a

Am b' urrainn dhuibh fiosrachadh a thoirt dhuinn air tachartasan no cothroman a tha sibh a' cur air dòigh airson daoine òga le Gàidhlig a tha, no a tha air a bhith, fo chùram a tha clàraichte leis an Ùghdarras.

n/a

Co-ionannachd

Bu chòir don h-uile buidheann seo a lìonadh a-steach

An do chomharraich an t-ùghdarras poblach agaibh cùisean sònraichte sam bith co-cheangailte ri co-ionannachd chothroman a thaobh leasachadh na Gàidhlig?

Chan eil sinn air cùis shònraichte sam bith a chomharrachadh. Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil gnìomhan Gàidhlig in-ghabhaltach agus gu bheil iad cuideachd air chothrom do luchd-obrach aig gach ìre air feadh na buidhne. Tha sinn air a bhith ag obair gu gnìomhach le lìonraidhean iomadachd an luchd-obrach air feadh na buidhne gus a' Ghàidhlig a chur air adhart.

A bheil poileasaidhean, modhan-obrach no dòighean-obrach sam bith co-cheangailte ri co-ionannachd a chaidh a chur an gnìomh leis an ùghdarras phoblach agaibh, no a tha gan cur an gnìomh an-dràsta, a bhuineas ri bhith a' cur co-ionannachd chothroman air adhart an lùib leasachadh na Gàidhlig? An innis sibh dhuinn mun deidhinn?

Gus mothachadh a thogail mun Ghàidhlig am measg an t-sluaigh, tha soidhnichean dà-chànanach againn, tha sinn air Gàidhlig a chur ris an t-ìosal agus/no an ro-ràdh aig mòran de na foillseachaidhean corporra againn agus tha susbaint againn sna meadhanan sòisealta co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a tha ag amas air daoine aig nach eil an cànan. Bidh sinn ag amas air daoine òga tro na meadhanan sòisealta, stuthan foghlaim agus foillseachaidhean foghlaim. Faodar seiseanan foghlaim Gàidhlig a libhrigeadh ann an àite sam bith ann an Alba.

A bheil eisimpleirean ann de cheumannan sònraichte a ghabh sibh gus piseach a thoirt air in-ghabhail agus com-pàirteachas a tha air obrachadh gu sònraichte math a thaobh leasachadh na Gàidhlig taobh a-staigh an ùghdarrais phoblaich agaibh? An inns sibh dhuinn nam biodh sibh toilichte nan sgaoileadh Bòrd na Gàidhlig na h-eisimpleirean agaibh agus nan dèanamaid sanasachd orra.

Bha na h-oifigearan Gàidhlig ag obair gu dlùth le oifigear BSL na Pàrlamaid gus deagh chleachdadh a cho-roinn agus gus beachdachadh air dòighean gus co-obrachadh. Ghabh seo a-steach puist-bhlogaichean sa Ghàidhlig mu BSL agus BSL mar Facal Gàidhlig na Seachdain. Tha suaicheantasan dà-chànanach aig a h-uile lìonra iomadachd ann am Pàrlamaid na h-Alba.

Fiosrachadh a bharrachd

B' ann sa bhliadhna aithris 2020/21 a thachair a' mhòr-chuid den ùpraid a dh'adhbhraich galar lèir-sgaoilte COVID agus air sgàth sin, chan eil sinn air a bhith cho gnìomhach 's a b' àbhaist ann an cuid de raointean leithid obair com-pàirteachaidh agus foghlaim. Tha sinn an dùil gun tèid againn air tòrr a bharrachd a dhèanamh ann am mòran de na raointean sin ann an 2021/22 agus 2022/23 agus bheir sinn cunntas orra sin san ath aithisg againn.

Thug Bòrd na Gàidhlig grunn bheachdan is mholaidhean seachad san fhreagairt don aithisg dearcnachaidh againn airson 2019/20. Fhuair sinn seo às dèidh deireadh aithisg dearcnachaidh 2020/21 agus mar sin chan eil e air a chòmhdach san aithisg gu h-àrd. Bidh iad sin air an làn chòmhdach ann an aithisg dearcnachaidh 2021/22. Anns an eadar-ama, bu mhath leinn dèiligeadh riutha seo mar a leanas:

- Solarachadh trèanaidh ann am Mothachadh Gàidhlig/sgilean Gàidhlig do Bhuill agus luchd-obrach nam Ball. Faodaidh sinn dearbhadh gum bi a h-uile cothrom ri fhaotainn do Bhuill agus Luchd-obrach Bhall a bharrachd air luchd-obrach Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba..
- Preantasachd Ghàidhlig. Bha preantas aig nach robh Gàidhlig còmhla ris an sgioba Ghàidhlig airson bliadhna na bu tràithe sa phlana làithreach, agus thug sinn greis gnìomhachais trì seachdainean cuideachd do oileanach bho Shabhal Mòr Ostaig. Ri linn atharraichean ann an nàdar agus prìomhachasan sgeama preantasachd Pàrlamaid na h-Alba, cha bhi e comasach preantas le Gàidhlig a bhith againn rè a' phlana làithrich. Ach, beachdaichidh sinn air preantasachd, inntearnas no sgeamaichean eòlas àite-obrach coltach ris airson an ath chuairt de ar Plana Gàidhlig.
- Gàidhlig: Co-labhairt *Cò ris a bhios Soirbheas Coltach* le Fòram Alba air Thoiseach. Tha sinn a' toirt taing dhuibh airson bhur beachdan coibhneil mun cho-labhairt againn ann an 2019. Tha sinn an-dràsta a' planadh tuilleadh thachartasan Gàidhlig le Fòram Alba air Thoiseach gus ceangal a dhèanamh ris a' chiad seachdain nàiseanta na Gàidhlig sa Ghearran/Màrt 2022.
- Seiseanan *Tog do Ghuth*. Tha sinn a' toirt taing dhuibh airson bhur beachdan coibhneil air na seiseanan seo. Bidh sinn a' tabhann nan seiseanan seo a-rithist mar a chaidh a mholadh, agus bidh an ath fheadhainn a' tachairt air-loidhne ann an Seachdain na Gàidhlig.

Amasan airson Seirbhisean Corporra	Corporate Service Aims			
Àrd Phrionnsabalan	Overarching Principles			
<p>Spèis Cho-ionann A h-uile gealladh anns a' phlana Ghàidhlig air a libhrigeadh dhan aon ìre anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla.</p>	<p>Equal Respect Gaelic language plan commitments delivered to an equal standard in both Gaelic and English.</p>	Uaine		
<p>Cothroman Follaiseach Gnìomhan practaigeach gus dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd-obrach na buidhne agus am poball daonna air na cothroman a th' ann gus Gàidhlig a chleachdadh leis an ùghdarras phoblach.</p>	<p>Active Offer Practical measures to ensure that staff and public are kept regularly informed of all opportunities that exist to use Gaelic in relation to the work of the public authority.</p>	Uaine		
<p>Treas Phàrtaidhean A' dearbhadh gum bi Buidhnean Taobh A-muigh Aig Astar agus cunnradairean eile ag obair gus plana Gàidhlig an ùghdarras phoblach a chur an gnìomh.</p>	<p>Third Parties Ensure that Arm's Length Executive Organisations and other contractors help with the delivery of the public authority Gaelic language plan.</p>	Uaine		
<p>Gàidhlig na Nì Àbhaisteach Geallaidhean bhon phlana Ghàidhlig air an gabhail a-steach ann an structaran an ùghdarras phoblach tro thìde, le sgrùdadh cunbhalach airson cothroman a chomharrachadh taobh a-staigh bhuidseatan stèidhichte gus Gàidhlig a thoirt air adhart.</p>	<p>Normalisation Gaelic plan commitments are normalised within the structures of the public authority over time, with opportunities to grow Gaelic within existing budgets constantly assessed.</p>	Uaine		
<p>Pàrantan Corporra Gu bheillear mothachail air na dleastanasan a th' ann mar Phàrant Corporra gum bi a h-uile pàiste is neach òg fo chùram no a b' àbhaist a bhith fo chùram le Gàidhlig a' faighinn na h-aon chothroman 's a tha clann le cànan eile.</p>	<p>Corporate Parenting That the authority is aware of the duties of a Corporate Parent to ensure that looked after children and young people and care leavers with Gaelic receive the same opportunities as those with other languages.</p>	n/a		

Inbhe	Status			
Suaicheantas Ag amas air suaicheantas corporra anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla a chruthachadh nuair a thig a' chiad chothrom agus mar phàirt den phròiseas ùrachaidh.	Logo Aim to render the corporate logo in both Gaelic and English at the first opportunity and as part of any renewal process.	Uaine		
Soidhnichean Prìomh shoidhnichean air an dèanamh dà-chànanach nuair a thathar gan ùrachadh.	Signage Prominent signage will include Gaelic and English as part of any renewal process.	Uaine		
Conaltradh leis a' phoball	Communicating with the public			
Brosnachadh Teachdaireachdan gu bheil fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig bhon phoball daonnan.	Promotion Positive message that communication from the public in Gaelic is always welcome.	Uaine		
Conaltradh Sgrìobhte Fàilte ga cur air conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) daonnan agus bidh freagairt ann sa Ghàidhlig, a rèir clàr-ama conaltraidh àbhaisteach na buidhne.	Written Communication Written communication in Gaelic is always accepted (post, email and social media) and replies will be provided in Gaelic in accordance with the general policy.	Uaine		
Ionad-fàilte agus am fòn Far a bheil luchd-obrach le Gàidhlig ann airson an t-seirbheis seo a thoirt seachad, gheibh iad taic airson seo a dhèanamh agus thèid sanasachd a dhèanamh air an t-seirbheis dhan phoball.	Reception and phone Where Gaelic speaking staff are capable of providing this service, they are supported to do so and the service is promoted to the public.	Uaine		
Coinneamhan poblach Cothroman airson coinneamhan dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh.	Public meetings Opportunities to hold public meetings bilingually or in Gaelic are regularly explored and promoted.	Uaine		

Fiosrachadh	Information			
<p>Fiosan-naidheachd Prìomh fhiosan-naidheachd agus fiosan-naidheachd mu dheidhinn na Gàidhlig air an cuairteachadh sa Ghàidhlig agus sa Beurla.</p>	<p>News releases High profile news releases and all news releases related to Gaelic are circulated in both Gaelic and English.</p>	Uaine		
<p>Meadhanan Sòisealta Stuth Gàidhlig ga sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta gu cunbhalach, le stiùir bhon uiread daoine a tha ga chleachdadh no a dh'fhaodadh a chleachdadh.</p>	<p>Social Media Gaelic content distributed regularly through social media, guided by the level of actual and potential users</p>	Uaine		
<p>Làrach-lìn Stuth Gàidhlig air làrach-lìn an ùghdarras phoblaich, le prìomhachas air na duilleagan le faicsinneachd mhòr.</p>	<p>Website Gaelic content should be available on the public authority's website, with emphasis given to the pages with the highest potential reach.</p>	Uaine		
<p>Foillseachaidhean Corporra Gan dèanamh sa Ghàidhlig agus Beurla le prìomhachas air sgrìobhainnean le faicsinneachd mhòr.</p>	<p>Corporate Publications Produced in Gaelic and English, with priority given to those with the highest potential reach.</p>	Uaine		
<p>Taisbeanaidhean Cothroman airson taisbeanaidhean dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh, le prìomhachas air an fheadhainn aig a bheil a' bhuaidh as motha.</p>	<p>Exhibitions Opportunities to deliver public exhibitions bilingually or in Gaelic should be explored on a regular basis, with priority given to those with the highest potential impact.</p>	Uaine		
Corpas na Gàidhlig	Gaelic Language Corpus			
<p>Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig Leanaidh an t-ùghdarras Poblach Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig as ùire mar stiùir airson a h-uile rud sgrìobhte aca.</p>	<p>Gaelic Orthographic Conventions The most recent Gaelic Orthographic Conventions will be followed in relation to all written materials produced by the public authority.</p>	Uaine		

Luchd-obrach	Staff			
Sgrùdadh Taobh a-staigh Sgrùdadh cunbhalach air sgilean Gàidhlig agus iarrtasan airson trèanadh Gàidhlig tro bheatha gach plana.	Internal audit Conduct an internal audit of Gaelic skills and training needs through the life of each plan.	Uaine		
Inntrigeadh Eòlas air a' phlana Ghàidhlig mar phàirt den phròiseas inntrigidh.	Induction Knowledge of the public authority's Gaelic language plan included in new staff inductions	Uaine		
Trèanadh cànan Trèanadh ann an sgilean Gàidhlig ga thabhan agus ga bhrosnachadh, gu sònraichte a thaobh a bhith a' cur plana Gàidhlig na buidhne an gnìomh.	Language training Gaelic language skills training and development offered to staff, particularly in relation to implementing the public authority's Gaelic language plan.	Uaine		
Trèanadh Mothachaidh Trèanadh mothachaidh mun Ghàidhlig, le prìomhachas air stiùirichean, buill bùird, comhairlichean agus luchd-obrach air a bheil dleastanas a bhith a' conaltradh leis a' mhòr-shluagh.	Awareness training Gaelic awareness training offered to staff, with priority given to directors, board members, councillors and staff dealing directly with the public.	Uaine		
Fastadh A' toirt aithne is spèis do sgilean Gàidhlig mar phàirt den phròiseas fastaidh.	Recruitment Recognising and respecting Gaelic skills within the recruitment process.	Uaine		
Gàidhlig ainmichte mar sgil a tha na buannachd agus/no a tha riatanach ann an dealbhan obrach far a bheil dleastanasan co-cheangailte ri libhrigeadh a' Phlana Ghàidhlig agus a rèir na comhairle fastaidh aig Bòrd na Gàidhlig.	Gaelic named as an essential and / or desirable skill in job descriptions in roles where responsibilities are linked to delivery of the Gaelic language plan and in accordance with the Bòrd na Gàidhlig recruitment advice.	Uaine		
Sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach.	Bilingual or Gaelic only job adverts for all posts where Gaelic is an essential skill.	Uaine		